

APS. 1. 79. 61

LEABHAR AITH-GHEARR

A'

# CHEASNACHAIDH,

AIR 'ORDUCHADH LE

CO-THIONAL NAN DIADHAIR

## AN IAR-MHINSTER;

LEIS AN D'AONTAICH

### ARD-CHLÉIR EAGLAIS NA H-ALBA.

AGUS A SHONRAICHEADH LEO-SAN CHUM A BHI 'N A SHEÓLADH  
CEASNACHAIDH.

AIR A ROINN 'NA EARRANNAN FA LETH

Le úr-dhearbhaidh on na Sgríobturán.

LEIS AN URRAMACH D. MAC-PHARLAIN,

MINISTEAR AN T-SOISGEIL ANN AN REINFRIU.

---

PAISLEY:

PRINTED BY ALEX. GARDNER.

1849.



LEABHAR AITH-GHEARR

A'

CHEASNACHAIDH,

AIR 'ORDUCHADH LE

CO-THIONAL NAN DIADHAIR

AN IAR-MHINSTER;

LEIS AN D'AONTAICH

ARD-CHLÉIR EAGLAIS NA H-ALBÀ.

AGUS A SHÒNRAICHEADH LEO-SAN CIUM A BHI 'N A SHEÒLADH  
CEASNACHAIDH.

AIR A ROINN 'NA EARRANNAN FA LETH

Le ùr-dhearbhaidh on na Sgriobturan.

LEIS AN URRAMACH D. MAC-PHARLAIN,

MINISTEAR AN T-SOISGEIL ANN AN REINFRIU.

---

PAISLEY:

PRINTED BY ALEX. GARDNER.

1849.

# LEABHAR AITHGHEARR NAN CEIST.

## ROIMH-RÀDH, 1—3.

1. Ceist. *Ciod is crìoch àraid do 'n duine?*

F. 'S i is crìoch àraid do 'n duine, Dia a ghlòrachadh,<sup>a</sup> agus a mhealtuinn gu sìorruidh.<sup>b</sup>

<sup>a</sup> Isa. xliii. 7. 1 Cor. x. 31. <sup>b</sup> Salm xxxvii. 4. Salm lxxiii. 25, 26.

2. C. *Ciod an riaghailt a thug Dia dhuinn g'ar seòladh, cionnus a dh'fheudas sinn a ghlòrachadh agus a mhealtuinn?*

F. 'S e focal Dé, a tha air a chur sìos ann an sgrìob-tuiribh an t-Seann Tiomnaidh,<sup>c</sup> agus an Tiomnaidh Nuaidh, an aon riaghailt g' ar seòladh cionnus a dh'fheudas sinn a ghlòrachadh agus a mhealtuinn.<sup>d</sup>

<sup>c</sup> 2 Phead. i. 21. 1 Cor. ii. 13. 2 Tim. iii. 16, 17. <sup>d</sup> Isa. viii. 20. Gnàth. xxx. 5, 6. Marc vii. 7.

3. C. *Ciod a tha na sgrìobtuire gu h-àraid a' teagasg?*

F. Tha na sgrìobtuire gu h-àraid a' teagasg gach nì is còir do 'n duine chreidsinn mu thimchioll Dé,<sup>e</sup> agus an dleasdanas a tha Dia ag iarraidh air an duine.<sup>f</sup>

<sup>e</sup> Eoin v. 39. <sup>f</sup> Mat. xxii. 37—40.

## I.—NA THA 'N DUINE GU CHREIDSINN MU THIMCHIOLL DHE, 4—38.

### I.—DO THAOBH NA DIADHACHD, 4—6.

4. C. *Ciod e Dia?*

F. Is Spiorad Dia,<sup>g</sup> a ta neo-chriochnach,<sup>h</sup> bith-bhuan,<sup>i</sup> agus neo-chaochlaideach,<sup>k</sup> 'n a bhith,<sup>l</sup> 'n a ghliocas,<sup>m</sup> 'n a chumhachd,<sup>n</sup> 'n a naomhachd,<sup>o</sup> 'n a cheartas,<sup>p</sup> 'n a mhaitheas,<sup>q</sup> agus 'n a fhirinn.<sup>r</sup>

<sup>g</sup> Eoin iv. 24. <sup>h</sup> Job xi. 7—9. Salm cxxxix. 7—10. <sup>i</sup> Salm cii. 25—27. Salm xc. 2. <sup>k</sup> Seum. i. 17. Eoin xxiii. 13, 14. <sup>l</sup> Eesod. iii. 14. Ier. xxiii. 24. <sup>m</sup> Salm cxlvii. 5. Rom. xi. 33. <sup>n</sup> Salm lxii. 11. Mat. xix. 26. <sup>o</sup> 1 Sam. ii. 2. Tais. xv. 4. <sup>p</sup> Salm lxxxix. 14. Gen. xviii. 25. <sup>q</sup> Salm xxxiii. 5. Escod. xxxiv. 6, 7. <sup>r</sup> Isa. xxv. 1. Tuir. iii. 23.

5. C. *Am bheil tuilleadh Dée ann ach aon?*

LIBRARY  
27  
1897

F. Cha 'n 'eil ann ach aon a mhàin,<sup>s</sup> an Dia beò, agus fìor.<sup>t</sup>

<sup>s</sup>Deut. vi. 4. <sup>t</sup>Salm cxv. 5—7. Ier. x. 10.

6. C. *Cia lion pearsa a ta 's an Diadhachd?*

F. Tha trì pearsaidh 's an Diadhachd, an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomh;<sup>u</sup> agus an triùir so, is aon Dia iad, ionann ann an nàdur, coimeas ann an cumhachd is ann an glòir.<sup>x</sup>

<sup>u</sup>Mat. iii. 16, 17. Mat. xxviii. 19. 1 Cor. xii. 4—6. Eph. iv. 4—6. Eabh. ix. 14. 2 Cor. xiii. 14. 1 Eoin v. 7. <sup>x</sup>Rom. xv. 6. Eoin xx. 17.—Eoin x. 30. Phil. ii. 6. Eoin i. 1. 1 Tim. iii. 16. Rom. ix. 5. Eabh. i. 8—12.—Gnìomh. v. 3, 4. 1 Cor. iii. 16. 2 Cor. iii. 17.

II.—DO THAOBH ORDUIGHEAN DHE, 7, 8.

7. C. *Ciod iad òrduighean Dé?*

F. 'S iad orduighean Dé, a rùn sìorruidh,<sup>y</sup> do réir comhairle a thoile,<sup>z</sup> leis an d'òrduich e roimh làimh, chum a ghlòire féin,<sup>a</sup> gach ni a thig gu crìch.<sup>b</sup>

<sup>y</sup>Iob xxiii. 13, 14. Eph. iii. 11. <sup>z</sup>Eph. i. 11. Rom. xi. 34—36. <sup>a</sup>Gnà. xvi. 4. Rom. ix. 22—24. <sup>b</sup>Gnìomh. xvii. 26. Iob. xiv. 5. Mat. x. 29, 30.

8. C. *Cionnus a tha Dia a' cur 'òrduighean an gnìomh?*

F. Tha Dia a' cur 'òrduighean an gnìomh ann an oibribh a' chruthachaidh,<sup>c</sup> agus an fhreasdail.<sup>d</sup>

<sup>c</sup>Tais. iv. 11. <sup>d</sup>Dan. iv. 35.

III.—DO THAOBH CRUTHACHAIDH, 9, 10.

9. C. *Ciod i obair a' chruthachaidh?*

F. 'S i obair a' chruthachaidh, Dia a dhèanamh nan uile nithe do neo-ni,<sup>e</sup> le focal a chumhachd,<sup>f</sup> ann an sè làithibh, agus gach uile ni ro-mhaith.<sup>h</sup>

<sup>e</sup>Gen. i. 1. <sup>f</sup>Eabh. xi. 3. <sup>g</sup>Ecs. xx. 11. <sup>h</sup>Gen. i. 31.

10. C. *Cionnus a chruthaich Dia an duine?*

F. Chruthaich Dia an duine, fear agus bean,<sup>i</sup> a réir a choslais féin, ann an eòlas, fìreantachd, agus naomhachd,<sup>k</sup> le uachdaranachd os ceann nan creutairean.<sup>l</sup>

<sup>i</sup>Mat. xix. 4, 5. <sup>k</sup>Gen. i. 27. Col. iii. 10. Eph. iv. 23, 24. <sup>l</sup>Gen. i. 28.

IV.—DO THAOBH OIBRE FREASDAIL DÉ, 11.

11. C. *Ciod iad oibre freasdail Dé?*

F. 'S iad oibre freasdail Dé, e bhi coimhead,<sup>m</sup> agus a'

riaghladh a chreutairean uile, *n* le 'n ghnìomharaibh, *o*  
gu ro-naomh, *p* gu ro-glic, *q* agus gu ro-chumhach-  
dach. *r*

*m* Salm cxlv. 17. *n* Isa. xxviii. 29. *o* Iob ix. 4. *p* Eabh. i. 3.  
Salm cxlv. 15, 16. *q* Salm ciii. 19. Dan. iv. 35. *r* Mat. x. 29.  
Isa. xlv. 7.

V.—DO THAOBH CUMHNANTA NAN GNIOMH, 12—19.

1. AN CUMHNANTA FEIN, 12.

12. C. *Cìod an gnìomh àraid freasdail a rinn  
Dia a thaobh an duine, 's an staid anns an do  
chruthaich e?*

F. 'N uair a chruthaich Dia an duine, rinn e co-  
cheangal beatha ris, ag iarraidh ùmhlachd iomlan s air  
mar chumha; agus a' toirmcasg dha itheadh do chraoibh  
còlais a' mhaith agus an uile, fuidh phéin a' bhàis. *t*

*s* Gen. ii. 8, 9. Gen. iii. 22, 23. Gal. iii. 12. *t* Gen. ii. 16, 17.  
Rom. vi. 23.

2. TUITEAM AN DUINE, 13—15.

13. C. *An d'fhan ar ceud sinnsear 's an 'staid  
anns an do chruthaich e iad?*

F. Air d' ar ceud sinnsear bhi air am fàgail gu  
saorsa an toile féin, *u* thuit iad o 'n staid anns an do  
chruthaich e iad, le peacachadh an aghaidh Dhé. *v*

*u* Gen. iii. 6. Ecl. vii. 29. *v* Gen. iii. 22, 23. Rom. v. 12.

14. C. *Cìod e peacadh?*

F. 'S e peacadh, *w* uireasbhuidh coslais ris an lagh,  
no briseadh lagha Dhé. *x*

*w* Gal. iii. 10. Seum. ii. 10. *x* 1 Eoin iii. 4. Rom. xiv. 23.

15. C. *Cìod am peacadh leis an do thuit ar ceud  
sinnsear o 'n staid anns an do chruthaich e iad?*

F. B' e 'm peacadh leis an do thuit ar ceud sinnsear  
o 'n staid anns an do chruthaich e iad, gu d'ith iad  
am meas toirmisgte. *y*

*y* Gen. iii. 6—8.

3. TORADH AN TUITEAM.

16. C. *An do thuit an cinneadh-daoine gu léir ann  
an ceud pheacadh Adhaimh?*

F. Air do 'n cho-cheangal bhi air a dhèanamh ri Adh-  
amh, cha b' ann a mhàin air a shon féin, ach air son  
a shliochd; *z* uime sin, an cinneadh-daoine gu léir, a

thàinig uaith le ginealachaibh gnàthaichte, *a* pheacaich iad ann, agus thuit iad leis, anns a' cheud chionta.

*z* Gen. i. 28. *a* Gniomh. xvii. 26. *b* Rom. v. 12—14. 1 Cor. xv. 21, 22.

17. C. *Cìod an staid gus an d'thug an leagadh an cinneadh daoine?*

F. Thug an leagadh an cinneadh-daoine gu staid peacaidh agus truaighe. *c*

*c* Rom. v. 12. Rom. vi. 23.

18. C. *Cìod e peacadh na staid sin anns an do thuit an duine?*

F. 'S e peacadh na staid sin anns an do thuit an duine, e bhi fuidh chionta ceud peacaidh Adhaimh, *d* fuidh easbhuidh na ceud fhìreantachd, *e* agus fuidh thruailidheachd a nàduir gu h-iomlan, ri 'n goircar gu coit-chionn am peacadh gin; *f* maille ris gach peacadh gnìomh a tha sruthadh uaith so. *g*

*d* Rom. v. 12—14. *e* Rom. vii. 18. Rom. viii. 7, 8. *f* Salm li. 5. Isa. lxi. 6. Ier. xvii. 9. *g* Mat. xv. 19, 20. Gal. v. 19—21. Eph. ii. 3.

19. C. *Cìod i truaighe na staid' anns an do thuit an duine?*

F. Trid an leagaidh, chaill an cinneadh-daoine gu léir an co-chomunn ri Dia, *h* tha iad fuidh 'fheirg agus mhallachd Dhé, *i* agus mar sin buailteach do gach uile thruaighe 's a' bheatha so, do 'n bhàs féin, agus do phiantaibh ifrinn gu sìorruidh. *k*

*h* Gen. iii. 8—10, 24. Iob xxi. 14. *i* Eph. ii. 3. Gal. iii. 10. *k* Gen. iii. 16—19. Rom. vi. 23. Mat. xxv. 41.

## VI.—DO THAOBH CHUMHNANTA NAN GRÀS, 20—38.

### I. AN CUMHNANTA FEIN.

20. C. *An d'fhàg Dia an cinneadh-daoine uile gu bhi cailte ann an staid peacaidh agus truaighe?*

F. Air do Dhia, o 'fhìor ghean maith féin, cuid a thaghadh o 'n uile shìorruidheachd, chum na beatha maireannaich, *l* rinn e co-cheangal gràis, *m* gu 'n saoradh o staid peacaidh agus truaighe, agus gu 'n toirt gu staid slàinte trid Fir-saoraidh. *n*

*l* Eph. i. 3—6. 2 Tim. i. 9. *m* Sech. ix. 11. Mat. xxvi. 27, 28. *n* Isa. liii. 10, 11. Gal. iv. 4, 5.

## 2. CRIOSD AM FEAR-SAORAIDH, 21—28

## (1.) DO THAOBH A PHEARSA, 21, 22.

21. C. *Cò e Fear-saoraidh muinntir thaghta Dhé?*

F. 'S e aon Fhear-saoraidh muinntir thaghta Dhé, an Tighearn Iosa Criosd,<sup>o</sup> neach, air bhi dha 'n a Mhac sìorruidh do Dhia, a rinneadh 'n a dhuine; <sup>p</sup> agus mar sin a bha, agus a tha 'n a Dhia agus 'n a dhuine, ann an dà nàdur eadar-dhealuichte, ach ann an aon phearsa, gu sìorruidh.<sup>q</sup>

<sup>o</sup> 1 Tim. ii. 5. Gnìomh. iv. 12. <sup>p</sup> Eoin i. 14. Gal. iv. 4. <sup>q</sup> 1 Tim. iii. 16. Rom. ix. 5. Eabh. vii. 24.

22. C. *Air bhi do Chrìosd 'n a Mhac do Dhia, cionnus a rinneadh e 'n a dhuine?*

F. Rinneadh Criosd, Mac Dhé, 'n a dhuine le corp fìor,<sup>r</sup> agus anam reusonta,<sup>s</sup> ghabhail da féin, air dha bhi, le cumhachd an Spioraid Naoimh, air a ghabhail am broinn na h-òighe Muire,<sup>t</sup> is air a bhreith leatha, ach saor o pheacadh.<sup>u</sup>

<sup>r</sup> Eabh. ii. 14. Eabh. x. 5. <sup>s</sup> Ìsa liii. 10. Mat. xxvi. 38. <sup>t</sup> Luc. i. 31, 35. Mat. i. 22, 23. <sup>u</sup> Eabh. vii. 26. 1 Phead. ii. 22, 23. 2 Cor. v. 21.

## (2.) DO THAOBH OIFIGEAN, 23—26.

23. C. *Ciod na dreuchdan a tha Criosd a' cur an gnìomh mar ar Fear-saoraidh?*

F. Tha Criosd mar ar Fear-saoraidh, a' cur an gnìomh dhreuchdan Fàidh,<sup>x</sup> Sagairt,<sup>y</sup> agus Rìgh,<sup>z</sup> araon ann an staid irioslachaidh agus àrdachaidh.

<sup>x</sup> Gnìomh. iii. 22. <sup>y</sup> Salm cx. 4. <sup>z</sup> Salm ii. 6.

24. C. *Cionnus a tha Criosd a' cur dreuchd Fàidh an gnìomh?*

F. Tha Criosd a' cur dreuchd Fàidh an gnìomh,<sup>a</sup> le toil Dé chum ar slainte fhoillseachadh dhuinn, le 'fhocal,<sup>b</sup> agus le a Spiorad.<sup>c</sup>

<sup>a</sup> 1 Phea. i. 10, 11. Eabh. i. 1, 2. Eabh. ii. 3, 4. Eph. iv. 11, 12. 2 Cor. v. 20. <sup>b</sup> Eoin xiv. 16, 17. Eoin xvi. 8—11. 2 Cor. iii. 2—4. <sup>c</sup> Eoin xx. 31. 1 Tim. iii. 15.

25. C. *Cionnus a tha Criosd a' cur dreuchd Sagairt an gnìomh?*



F. Tha Criosd a' cur dreuchd Sagairt an gnìomh,*d* le e féin a thoirt suas aon uair mar iobairt, chum ceartas Dé a dhìoladh, agus sinne a dhèanamh réidh ri Dia; agus le gnàth eadar-ghuidhe a dhèanamh air ar son.*f*

*d* Eabh. x. 5—10. Eabh. ix. 13, 14. Eoin x. 17, 18. *e* Isa. liii. 5, 6. *f* 1 Phead. ii. 24. Rom. iii. 24—26. Rom. v. 6—8. *g* 2 Cor. v. 19—21. *h* 1 Eoin ii. 1. Eabh. ix. 24. Eabh. vii. 24, 25. Rom. viii. 34.

26. C. *Cionnus tha Criosd a' cur dreuchd Rìgh an gnìomh?*

F. Tha Criosd a' cur dreuchd Rìgh an gnìomh, le sinne chur fo cheannsal da féin,*g* le 'r riaghladh,*h* agus ar dìonadh,*i* agus le casg a chur, agus buaidh a thoirt, air na h-uile a tha 'n an naimhdibh dha-san agus dhuinne.*k*

*g* Salm cx. 3. 2 Cor. x. 4, 5. Phil. iii. 21. *h* Isa. xxxiii. 22. Mat. xxiii. 8. Eph. v. 23. *i* Isa. xxxii. 1, 2. Eoin x. 27, 28. Rom. viii. 35, 37—39. *k* Salm cx. 1. 1 Cor. xv. 25, 26. Rom. xvi. 20.

(3.) DO THAOBH A STAIDEAN FA-LETH, 27, 28.

27. C. *Cionnus a bha Criosd air 'irioslachadh?*

F. Bha Criosd air 'irioslachadh le bhi air a bhreith, agus sin ann an staid ìosal,*l* air a dhèanamh fuidh 'n lagh,*m* 'a dol fuidh thruaighibh na beatha so,*n* fuidh fheirg Dhé,*o* agus fuidh bhàs malluichte a' chroinn-cheusaidh,*p* le bhi air 'adhlacadh, agus le fuireach fuidh chumhachd a' bhàis rè seal.*q*

*l* Phil. ii. 6, 7. Eabh. ii. 16, 17. Luc. ii. 7. *m* Gal. iv. 45. Mat. iii. 15. *n* Isa. liii. 3, 4. Eabh. iv. 15. *o* Sech. xiii. 7. Luc. xxii. 44. Mat. xxvii. 46. *p* Phil. ii. 8. Eabh. xii. 2. *q* Isa. liii. 9. Mat. xxvii. 59, 60. *r* Mat. xii. 40. Gnìomh. ii. 23, 24.

28. C. *Cionnus a ta Criosd air 'àrdachadh?*

F. A ta Criosd air 'àrdachadh le 'aiséirigh o na marbhaibh air an treas là,*s* le 'dhol suas air nèamh,*t* le suidhe air deas làimh Dhé an Athar,*u* agus le teachd a thoirt breth air an t-saoghal air an là dheireanach.*x*

*s* 1 Cor. xv. 3, 4. Gnìomh. x. 40, 41. *t* Gnìomh. i. 9. Eph. iv. 8. *u* Marc xvi. 19. Eabh. x. 12, 13. *x* Gnìomh. xvii. 31. Gnìomh. x. 42.

3. AN SPIORAD A' COMPAIRTEACHADH SAORSA, 29—31.

29. C. *Cionnus a tha sinn air ar dèanamh 'n ar luchd-co-pàirt do 'n t-saorsa a choisinn Criosd?*

F. Tha sinn air ar dèanamh 'n ar luchd co-pàirt do 'n t-saorsa a choisinn Criosd, le i bhi air a cur ruinn, gu h-éifeachdach,*y* le a Spiorad Naomh-san.*z*

*y* 2 Tim. i. 9. 1 Cor. i 30, 31. *z* Tit. iii. 5, 6. 1 Cor. xii. 13.

30. C. *Cionnus a tha 'n Spiorad a' cur ruinn na saorsa a choisinn Criosd?*

F. Tha 'n Spiorad a' cur ruinn na saorsa a choisinn Criosd, le creidimh oibreachadh annainn,*a* agus ar dlùth-cheangal le sin, ri Criosd, 'n ar gairm éifeachdach.*b*

*a* 2 Tes. ii. 13, 14. Eph. ii. 8. Gal. iii. 26. *b* Gal. iii. 27, 28. 2 Cor. v. 17.

31. C. *Ciod i a' ghairm éifeachdach?*

F. 'S i a' ghairm éifeachdach, obair Spioraid Dhé,*c* leis am bheil e 'g ar toirt gu mothachadh d' ar eionta agus d' ar truaighe,*d* a' soillseachadh ar n-inntinn le eòlas Chrìosd,*e* ag ath-nuadhachadh ar toile;*f* agus mar sin 'g ar dèanamh deònach agus comasach air Iosa Criosd a dhlùth-ghabhail d' ar n-ionnsuidh,*g* mar a tha e air a thairgseadh dhuinn gu saor anns an t-soisgeul.*h*

*c* Eoin vi. 44. Eoin iii. 5, 6. *d* Rom. vii. 9. Gnìomh. ii. 37. *e* Gnìomh. xxvi. 17, 18. 2 Cor. iv. 6. *f* Salm. cx. 3. Eabh. viii. 10. *g* Hos. xi. 4. Eoin vi. 45. *h* Rom. iii. 21—23. Rom. x. 6—10.

4. SOCHAIREAN NA SAORAS AIR A FAOTAINN SA BHEATHA SO, 32—36,

32. C. *Ciod na sochairean a tha iadsan a ta air an gairm gu h-éifeachdach a' faghail anns a' bheatha so?*

F. Tha iadsan a tha air an gairm gu h-éifeachdach, a' faghail anns a' bheatha so, fireanachaidh,*i* uchd-mhacachdaidh,*k* naomhachaidh,*l* agus gach aon sochair a tha 's a' bheatha so a' teachd 'n an cuideachd sin, no a' sruthadh uatha.*m*

*i* Rom. viii. 30. Rom. iv. 23—25. *k* Eoin i. 12. Gal. iv. 4—6. *l* Eabh. ix. 13, 14. 1 Cor. vi. 11. *m* Rom viii. 32. 1 Cor. iii. 21—23.

33. C. *Ciod e fireanachadh?*

F. Is e fireanachadh gnìomh saor ghean-maith Dhé,*n* leis am bheil e a' maitheadh dhuinn ar n-uile pheacaidh,*o* agus a' gabhail ruinn mar fhìreanaibh 'n a fhianuis;*p* agus sin a mhàin air sgàth fireantachd

Chriosd, air a meas dhuinn,*q* agus air a gabhail chug-  
ainn le creidimh a mhàin.*r*

*n* Rom. iii. 24. Eph. i. 7. *o* Gnìomh. x. 43. Gnìomh. xiii. 38,  
39. *p* 2 Cor. v. 21. Rom. viii. 33, 34. *q* Rom. v. 18, 19. Rom.  
iv. 4, 5. *r* Gal. ii. 16. Rom. v. 1, 2.

### 34. C. *Cìod i uchd-mhacachd?*

F. 'S i uchd-mhacachd gnìomh saor ghean-maith  
Dhé,*s* leis am bheil sinn air ar gabhail ann an àir-  
eamh,*t* agus a' faghail còir air gach dlighe a bhuineas  
do chloinn Dhé.*u*

*s* 1 Eoin iii. 1. Eph. i. 5, 6. *t* Gal. iii. 26. 2 Cor. vi. 17, 18.  
*u* Rom. viii. 17. 1 Cor. iii. 21—23.

### 35. C. *Cìod e naomhachadh?*

F. 'S e naomhachadh obair saor-ghràis Dé,*x* leis am  
bheil sinn air ar n-ath-nuadhachadh 's an duine gu  
h-ìomlan, a réir ìomhaigh Dhé,*y* agus air ar dèanamh  
comasach ni 's mò agus ni 's mò, gu bàsachadh do  
n' pheacadh, agus teachd beò do 'fhìreantachd.*z*

*x* 2 Tes. ii. 13. Tit. iii. 5. *y* 2 Cor. v. 17. Eph. iv. 23, 24. *z* 2  
Cor. iii. 18. 2 Cor. iv. 16. 2 Cor. vii. 1.

36. C. *Cìod na sochairean a tha 's a' bheath a so  
a' teachd an cuideachd no a' sruthadh o fhìreanach-  
adh, uchd-mhacachd agus naomhachadh?*

F. 'S iad na sochairean a tha 's a' bhèatha-so, a'  
teachd an cuideachd no a' sruthadh o fhìreanachadh,  
uchd-mhacachd agus naomhachadh, dearbh-bheachd  
air gràdh Dhé,*a* sìth coguis,*b* aoibhneas anns an  
Spiorad Naomh,*c* fàs ann an gràs, agus buanachadh  
ann gu ruig a' chrìoch.*e*

*a* 1 Tes. i. 5. 1 Eoin iii. 19—21. *b* Rom. v. 1. Col. iii. 15.  
*c* Rom. v. 11. 1 Phead. i. 8. Rom. xiv. 17. *d* Gnàth. iv. 18. 1  
Phead. ii. 1, 2. 2 Phead. iii. 18. *e* 2 Tim. ii. 19. Eoin x. 27, 28.  
Phil. i. 6. Rom. viii. 38, 39.

37. C. *Cìod na sochairean a tha na creidmheach  
a' faghail o Chriosd ri h-àm am bàis?*

F. Tha anama nan creidmheach ri h-àm am bàis  
air an dèanamh ìomlan ann an naomhachd,*f* agus air  
ball a' dol gu glòir;*g* agus tha an cuirp, air dhoibh

bhi sìor cheangailte ri Crìosd,*h* a' gabhail fois 'n an uaighibh*i* gu ruig an aiseirigh.*k*

*f* Eabh. xii. 14. Eabh. xii. 22, 23. *g* Luc. xxiii. 42, 43. Luc. xvi. 22. 2 Cor. v. 6—8. Phil. i. 23. *h* Rom. xiv. 9. 1 Tes. iv. 13, 14. *i* Isa. lvii. 2. Tais. xiv. 13. *k* Iob xix. 25—27. Rom. viii. 11.

SOCHAIREAN AIR AN CUMAIL AIR AISE GUS AN AIREIRIDH, 38.

38. C. *Cìod na sochairean a tha na creidmhich a' faghail o Chrìosd anns an aiseirigh?*

F. 'S an aiseirigh, bithidh na creidmhich air dhoibh bhi air an togail suas ann an glòir,*l* air an aideachadh gu follaiseach, agus air an làn-shaoradh air là a' bhreitheanais;*m* agus air an dèanamh uile-bheannaichte ann an Dia,*n* a làn-mhealtuinn gu sìorruidh.*o*

*l* 1 Cor. xv. 43. Phil. iii. 21. *m* Mat. xxv. 32—34. Luc. xii. 8. *n* 1 Eoin iii. 2. Salm xvi. 11. *o* Tais. iii. 12. 1 Tes. iv. 17.

## NA THA DIA AG IARRAIDH AIR AN DUINE, 39—107.

I. NA THA DIA AG IARRAIDH AIR AN DUINE ANN AN LAGH NAM MODHANNAN, 39—81.

1. MAR THA E GU H-AITHGHEARR AIR AITHREIS, 39—42.

39. C. *Cìod e an dleasdanas a tha Dia ag iarraidh air an duine?*

F. 'S e 'n dleasdanas a tha Dia ag iarraidh air an duine ùmhlachd d' a thoil a tha foillsichte.*p*

*p* Ecl. xii. 13. Mic. vi. 8. 1 Sam. xv. 22, 23.

40. C. *Cìod an riaghailt ùmhlachd a thug Dia air tùs do 'n duine?*

F. B' i an riaghailt ùmhlachd a thug Dia air tùs do 'n duine, lagh nam Modhanna.*q*

*q* Rom. ii. 14, 15. Rom. x. 5. Gen. ii. 16, 17.

41. C. *C' àit am bheil lagh nam Modhanna air a chur sìos gu h-aithghearr?*

F. Tha lagh nam Modhanna air a chur sìos h-aithghearr anns na deich àitheantaibh.*r*

*r* Ecl. xii. 13. Mat. xix. 17—19.

42. C. *Cìod is suim do na deich àitheantaibh?*

F. 'S i is suim do na deich àitheantaibh, An Tigh-earn ar Dia a ghràdhachadh le 'r n-uile chridhe, le 'r

n-uil' anam, le'r n-uile neart, agus le 'r n-uil' inntinn; agus ar coimhearsnaich a ghràdhachadh mar sinu féin.<sup>s</sup>

<sup>s</sup> Mat. xxii. 37—40.

2. MAR THA E AIR A CHUR SIOS SNA DEICH ÀITHEANTAN, 43—81.

43. C. *Ciod e roimh-ràdh nan deich àitheantan?*

F. Tha roimh-ràdh nan deich àitheantan air a chur sìos anns na briathraibh so, “*Is mise an Tighearna do Dhia, a thug a mach thu á tìr na h-Eiphit, á tigh na daorsa.*”<sup>t</sup>

<sup>t</sup> Ecs. xx. 2.

44. C. *Ciod a tha roimh-ràdh nan deich àitheantan a' teagasg dhuinn?*

F. Tha roimh-ràdh nan deich àitheantan a' teagasg dhuinn, A chionn gur h-e Dia is Tighearn ann, agus gur h-e ar Dia-ne agus ar Fear-saoraidh; uime sin, gu bheil e mar fhiachaibh oirnn 'àitheantan uile a choimhead.<sup>u</sup>

<sup>u</sup> Deut. vi. 4, 5. Deut. xxvi. 17, 18. Luc. i. 74, 75. 1 Cor. vi. 19, 20. 2 Cor. v. 14, 15.

Λ' CHEUD ÀITHNE, 45—48.

45. C. *Ciod i a' cheud àithne?*

F. 'S i a' cheud àithne, “*Na biodh Dé e 's am bith eile agad a' m' làthair-sa.*”<sup>v</sup>

<sup>v</sup> Ecs. xx. 3.

46. C. *Ciod a tha a' cheud àithne ag iarraidh?*

F. Tha a' cheud àithne ag iarraidh oirnn aithneachadh agus aideachadh gur h-e Dia a mhàin an Dia fìor,<sup>w</sup> agus ar Dia-ne;<sup>x</sup> agus aoradh agus glòir a thoirt dha do réir sin.<sup>y</sup>

<sup>w</sup> Deut. iv. 39. Eoin xvii. 3. <sup>x</sup> Deut. xxvi. 17. Rom. x. 9, 10. <sup>y</sup> Salm xcvi. 6, 7. Salm xxix. 2. Mat. iv. 10.

47. C. *Ciod a tha a' cheud àithne a toirmeasg?*

F. Tha a' cheud àithne a' toirmeasg, an Dia fìor àicheadh,<sup>z</sup> no dearmad a dhèanamh air aoradh agus glòir a thoirt da mar Dhia,<sup>a</sup> agus mar ar Dia-ne;<sup>b</sup> no 'n t-aoradh agus a' ghlòir a dhlighear dha-san a mhàin, a thoirt do neach air bith eile.<sup>c</sup>

<sup>z</sup> Salm xiv. 1. Tit. i. 15, 16. <sup>a</sup> Rom. i. 20, 21. Rom. iii. 23. <sup>b</sup> Salm lxxxii. 11. Mal. ii. 2. <sup>c</sup> Isa. xlii. 8. Gnìomh. xii. 21—23.

48. C. *Cìod a tha gu sònruicht' air a theagasg dhuinn leis na briathraibh so 's a' cheud àithne, "a' m' làthair sa?"*

F. Tha na briathra so 's a' cheud àithne "a' m' làthair-sa" a' teagasg dhuinn, gu bheil Dia, d' an léir na h-uile nithe, *d* a' toirt aire do 'n pheacadh so, eadhon, dia 's am bith eile bhi againn; agus gu bheil e ro dhiombach air a shon.*e*

*d* Salm xxxiii. 13. Eabh. iv. 13. Salm xlv. 20, 21. Deut. viii. 19.

AN DARA II-AITHNE, 49—52.

49. C. *Cìod i an dara h-àithne?*

F. 'S i 'n dara h-àithne, "Na dèan dhuit fèin dealbh snaidhte, no coslas 's am bith a dh' aon ni, a ta 's na nèamhaibh shuas, no air an talamh shìos, no 's na h-uisgeachaibh fuidh 'n talamh. Na crom thu fèin sìos doibh, agus na dèan scirbhis doibh; oir mis' an' Tighearna do Dhia, is Dia cudmhor mi, a' lean-tuinn aingidheachd nan aithrichean air a' chloinn, air an treas, agus air a' cheathramh ginealach dhiubh-san a dh'fhuathaicheas mi; agus a' nochdadh tròcair do mhiltibh dhiubh-san a ghràdhaicheas mi, agus a choimh-ideas m' àitheantan."*f*

*f* Ecs. xx. 4—6.

50. C. *Cìod a tha 'n dara h-àithne ag iarraidh?*

F. Tha 'n dara, àithne ag iarraidh, h gabhail ris gach uile ghnè aoraidh agus òrduigh dhiadhaidh a dh' àithn Dia 'n a fhocal; *g* agus an coimhead agus an ghleidhcadh fìor-ghlan *h* agus iomlan. *i*

*g* Deut. xxxii. 46. Mat. xxviii. 20. *h* Deut. xii. 32. Gnìomh. ii. 42. Breth. 3. *i* Isa. viii. 20. 2 Tim. iii. 16, 17.

51. C. *Cìod a tha 'n dara h-àithne a' toirmeasg?*

F. Tha 'n dara h-àithne a' toirmeasg aoradh a thoirt do Dhia le dealbhaibh, *k* no air sheòl 's am bith eile nach 'eil òrduichte 'n a fhocal. *l*

*k* Deut. iv. 15—19. 1 Cor. x. 14. *l* Mat. xv. 9. Col. ii. 18.

52. C. *Cìod na reusoin a tha ceangailte ris an dara h-àithne?*

F. 'S iad na reusoin tha ceangailte ris an dara

h-àithne, àrd-uaehdaranachd Dhé os ar ceann,*m* a shealbh-ehòir annainn, agus an t-eud a tha aige d' a aoradh féin.*o*

*m* Salm xc. 2, 3. Ier. x. 10. *n* Salm c. 3. 1 Cor. vi. 19, 20. *o* Ecs. xxxiv. 14. Ios. xxiv. 19, 20.

AN TREAS AITHNE, 53—58.

53. C. *Cìod i an treas àithne?*

F. 'S i 'n treas àithne, "Na tabhair ainm an Tighearna do Dhé an dìomhanas; oir cha mheas an Tighearna neo-ehiontach esan a bheir 'ainm an dìomhanas."*p*

*p* Ecs. xx. 7.

54. C. *Cìod a tha 'n treas àithne ag iarraidh?*

F. Tha 'n treas àithne ag iarraidh, ainmean, buadhan, feartan,*q* òrduighean,*r* briathran,*s* agus oibre Dhé, a ghnàthachadh gu naomh, agus gu h-urr-àmach.*t*

*q* Salm. xxix. 2. Salm. cxi. 9. Mat. vi. 9. *r* Ecl. v. 1. Eoin iv. 24. Eabh. xii. 28, 29. *s* Salm cxxxviii. 2. Isa. lxvi. 2. *t* Iob xxxvi. 24. Salm cvii. 8.

55. C. *Cìod a tha 'n treas àithne a' toirmeasg?*

F. Tha an treas àithne a' toirmeasg mi-naomhaachadh no mi-ghnàthachadh ni 's am bith leis am bheil Dia 'g a fhoillseachadh féin.*v*

*v* Ecl. v. 1, 2. Mal. ii. 2.

56. C. *Cìod an reuson a tha ceangailte ris an treas àithne?*

F. 'S e 'n reuson a tha ceangailte ris an treas àithne, ged fheud luehd-brisidh na h-àithne so dol as o dhioghaltas o làimh dhaoine; gidheadh naeh fuiling an Tighearna ar Dia dhoibh dol as o 'heart-bhreitheanas féin.*w*

*w* Lebh. xxiv. 10—16. 1 Sam. iii. 13. Deut. xxviii. 58, 59.

A' CHEATHRAMH AITHNE, 57—62.

57. C. *Cìod i a' cheathramh àithne?*

F. 'Si a' cheathramh àithne, "Cuimhnieh là na Sàbaid a naomhaachadh. Sè làithean saothraiehidh tu, agus ni thu t' obair uile. Aeh air 'n t-seachdamh là, tha Sàbaid an Tighearna do Dhé: air an là sin na dèan obair 's am bith, thu féin, no do mhae, no do nighean, d'òglach, no do bhanoglaeh, no d' ainmhidh, no do

choigreach, a tha 'n taobh stigh do d' gheataibh: oir ann an sè làithibh rinn an Tighearna na nèamhan agus an talamb, an fhairge, agus gach ni a tha annta; agus ghabh e fois air an t-seachdamh là; air an aobhar sin bheannaich an Tighearna là na sàbaid agus naomh-aich se e.'*x*

*x* Ecs. xx. 8—11.

58. C. *Ciod a tha a' cheathramh àithne ag iarruidh?*

F. Tha a' cheathramh àithne ag iarruidh na h-àmanna suidhichte a dh'òrduich Dia 'n a fhocal a choimhead naomha dha;*y* gu sònruichte aon là iomlan do na seachd, làithibh, gu bhì 'n a shàbaid naomha dha féin.*z*

*y* Deut. xii. 32. Lebh. xix. 30. *z* Deut. v. 12. Ier. xvii. 21, 22.

59. C. *Ciod an là do na seachd làithibh a dh'òrduich Dia gu bhì 'n a shàbaid?*

F. O thoiseach an t-saoghail gu aiseirigh Chrìosd, dh'òrduich Dia an seachdamh là do'n t-seachduin gu bhì 'n a shàbaid;*a* agus riamh o sin, gu ruig deircadh an t-saoghail, a' cheud là do'n t-seachduin; 's i sin Sàbaid nan Crìosduidhean.*b*

*a* Gen. ii. 2, 3. Mat. xxviii. 1. *b* Salm cxviii. 24. Eoin xx. 19. Eoin xx. 26. Gnìomh. ii. 1. Gnìomh. xx. 7. 1 Cor. xvi. 2. Taisb. i. 10.

60. C. *Cionnus is còir an t-Sàbaid a naomhachadh?*

F. Is còir an t-Sàbaid a naomhachadh le tàmh naomh a ghabhail rè fad an là sin, eadhon o gach uile gnothuch saoghalta,*c* agus cluiche a tha cendaicht' air làithibh eile; agus leis an ùin' uile a bhuileachadh ann an oibrìbh na diadhachd *d* gu dìomhair agus gu follaiseach, saor o mhead 's a tha feumail a chaitheamh ann an oibrìbh na h-éigin agus na tròcair.*e*

*c* Gen. ii. 3. Air. xv. 32—36. Neh. xiii. 15—22. Isa. lviii. 13, 14. *d* Lebh. xxiii. 3. Luc. iv. 16. Gnìomh. xx. 7. Mat. xii. 1—13.

61. C. *Ciod a tha a' cheathramh àithne a' toirmeasg?*

F. Tha a' cheathramh àithne a' toirmeasg, na dleasd-anais a tha air an iarruidh oirnn a dhearmad no an dèanamh le mi-chùram, an t-Sàbaid a mhi-naomhachadh



le dìomhanas, no le ni 's am bith a dhèanamh a tha ann féin cronail, *f* no le smuaintibh, briathraibh, no gnìomh-araibh neo-fheumail, mu 'r gnothuichibh saoghalta, no mu chluich' agus sùgradh. *g*

*f* Mal. i. 13. Eabh. x. 25. *g* Ier. xvii. 19—22, 27. Amos viii. 4, 5. Isa. lviii. 13, 14.

62. C. *Cìod na reusoin a tha ceangailte ris a' cheathramh àithne?*

F. 'S iad na reusoin a tha ceangailte ris' a' cheathramh àithne, gu bheil Dia a' ceadachadh dhuinn sè làithean do 'n t-seachduin air son ar gnothuichean féin, *i* gu bheil e 'g agradh còir àraid air an t-seachdamh là; *k* gu 'n d'thug e féin dhuinn 'eisimpleir, *l* agus gu 'n do bheannaich e là na Sàbaid. *m*

*i* Ecs. xx. 11. Ecs. xxiii. 12. *k* Ecs. xx. 10. Lebh. xxiii. 3. *l* Ecs. xxvi. 17. *m* Gen. ii. 3.

A' CHUIGEAMH AITHINE, 63—66.

63. C. *Cìod i a' chùigeamh àithne?*

F. 'S i a' chùigeamh àithne, "Tabhair onoir do t'-athair, agus do d'mhàthair; a chum gu 'm bi do làithean buan, air an fhearann a tha 'n Tighearna do Dhia a' toirt dhuit.' *n*

*n* Ecs. xx. 12.

64. C. *Cìod tha a' chùigeamh àithne ag iarruidh?*

F. Tha a' chùigeamh àithne ag iarruidh an t-urram a ghléidheadh, agus an dleasdanas a choimhlionadh, a bhuineas do gach neach, anns gach inbhe agus dàimh 's am bi iad, ma 's ann an inbhe àirde, *o* no 'n inbhe ìosal, *p* no 'n coimeas inbhe. *q*

*o* Col. iii. 18. Eph. vi. 1—3. Col. iii. 22. 1 Tes. v. 12, 13. 1 Phead. ii. 13, 14. *p* Col. iii. 19. Eph. vi. 5. Col. iv. 1. Gnìomh. xx. 28. 2 Sam. xxiii. 3. *q* Rom. xii. 10. Phil. ii. 3, 4. Rom. xii. 15.

65. C. *Cìod tha a' chùigeamh àithne a' toirmeasg?*

F. Tha a' chùigeamh àithne a' toirmeasg, ni 's am bith a dhearmad no' dhèanamh an aghaidh an urraim agus an dleasdanas a bhuineas do gach neach, a réir an inbhe agus an dàimhe fa leth. *r*

*r* Rom. xiii. 7, 8.

66. C. *Ciod an reuson a tha ceangailte ris a' chùigeamh àithne?*

F. 'S e 'n reuson a tha ceangailte ris a' chùigeamh àithne, gealladh air saoghal fad agus soirbheachadh (a réir mar a fhreagras sin do ghilòir Dhé, is d' an leas féin) do uile luchd-coimhid na h-àithne so.<sup>s</sup>

<sup>s</sup> Ecs. xx. 12. Eph. vi. 2, 3.

AN SEATHAMH AITHNE, 67—69.

67. C. *Ciod i 'n t-sèathamh àithne?*

F. 'S i 'n t-sèathamh àithne, “Na dean mortadh.”<sup>t</sup>

<sup>t</sup> Ecs. xx. 13.

68. C. *Ciod a tha 'n t-sèathamh àithne ag iar-ruidh?*

F. Tha 'n t-sèathamh àithne ag iarruidh gach uile dhìchoill laghail chum ar beatha féin,<sup>u</sup> agus beatha dhaoin' eile a choimhead.<sup>x</sup>

<sup>u</sup> Eph. v. 29. Iob xiv. 14. <sup>x</sup> Salm lxxxii. 2, 3. Iob xxix. 12, 13.

69. C. *Ciod a tha 'n t-sèathamh àithne a' toirmeasg?*

F. Tha 'n t-sèathamh àithne a' toirmeasg ar beatha féin,<sup>b</sup> no beatha ar coimhearsnaich a thoirt air falbh gu h-eucorach, no ni 's am bith a chuidicheas gu sin a' dhèanamh.<sup>c</sup>

<sup>b</sup> Rom. xiv. 7. Gnìomh. xvi. 28. <sup>c</sup> Gen. ix. 6. Gnàth. xxiv. 11, 12. <sup>1</sup> Eoin iii. 15.

AN SEACHDAMH AITHNE.

70. C. *Ciod i 'n t-seachdamh àithne?*

F. 'S i 'n t-seachdamh àithne, “Na dèan adhaltran-nas.”<sup>d</sup>

<sup>d</sup> Ecs. xx. 14.

71. C. *Ciod a tha 'n t-seachdamh àithne ag iarruidh?*

F. Tha 'n t-seachdamh àithne ag iarruidh, ar geam-nuidheachd féin, agus geamnuidheachd ar coimhear-suaich a choimhead, ann an eridhe,<sup>e</sup> an cainnt,<sup>f</sup> agus ann am beusaibh.<sup>g</sup>

<sup>e</sup> 1 Tes. iv. 4. <sup>2</sup> Tim. ii. 22. <sup>f</sup> Eph. v. 11, 12. Col. iv. 6. <sup>g</sup> Rom. xiii. 13, 14.

72. C. *Ciod a tha 'n t-seachdamh àithne a' toirmeasg?*

F. Tha 'n t-seachdamh àithne a' toirmeasg gach uile smuain,*h* bhriathar,*i* agus gnìomh, neo-gheamnuidh.*k*

*h* Mat. v. 27, 28. *i* Eph. v. 4. *k* 1 Cor. vi. 18. Eph. v. 5.

AN T-UCHDAMH AITHNE, 73—75.

73. C. *Cìod i an ochdamh àithne?*

F. 'S i 'n ochdamh àithne, "Na dean gadachd."

*l* Ecs. xx. 15.

74. C. *Cìod a tha 'n ochdamh àithne ag iar-ruidh?*

F. Tha 'n ochdamh àithne ag iarruidh, gach meadhon laghail a ghnàthachadh chum maoin agus saoihbheas fhaotainn agus a mheudachadh dhuinn fèin,*n* agus do dhaoineibh eile.

*m* Rom. xii. 17. Gnàth. xxii. 29. Eph. iv. 28. *n* Lebh. xxv. 35. Phil. ii. 4. 1 Tim. vi. 17—19.

75. C. *Cìod a tha 'n ochdamh àithne a' toirmeasg?*

F. Tha 'n ochdamh àithne a' toirmeasg, gach ni a bhacas ar maoin agus ar saoihbheas saoghalta fèin,*o* no maoin agus saoihbheas saoghalta ar coimhearsnaich, gu h-cucorach. *p*

*o* Gnàth. xxiii. 20, 21. 2 Tes. iii. 10—12. 1 Tim. v. 8. *p* Deut. xxv. 13—16. 1 Tes. iv. 6. 1 Cor. vi. 8, 9.

AN NAOIDHEAMH AITHNE, 76—78

76. C. *Cìod i an naoidheamh àithne?*

F. 'Si an naoidheamh àithne, "Na tabhair fianuis bhréige 'n aghaidh do choimhearsnaich."*q*

*q* Ecs. xx. 16.

77. C. *Cìod a tha 'n naoidheamh àithne ag iar-ruidh?*

F. Tha 'n naoidheamh àithne ag iarruidh, an fhèrrinn a choimhead eadar duin' is duine; *r* agus ar deadh ainm fèin,*s* agus deadh ainm ar coimhearsnaich *t* a sheasamh, gu sònruichte ann am fianuis a thabhairt *u*

*r* Sec. viii. 16, 17. Eph. iv. 15. *s* Gnàth. xxii. 1. 1 Phead. iii. 15, 16. *t* Gnàth. xxxi. 8. 3 Eoin 12. *u* Gnàth. xiv. 5, 25. Iob xxix. 16.

78. C. *Cìod a tha 'n naoidheamh àithne a' toirmeasg?*

F. Tha 'n naoidheamh àithne a' toirmeasg, gach ni a bhios cronail do 'n fhèrrinn,*x* no a ni coire d' ar

deadh ainm féin,*y* no do dheadh ainm ar coimhearsnaich. *z*

*x* Salm lviii. 3. Gnáth. vi. 16—19. *y* Iob xxvii. 5. Rom. xiv. 16. *z* Lebh. xix. 16. Gnáth. xxvi. 20, 21. Seumas i. 19, 20.

AN DEICHEAMH AITHNE, 79—81.

79. C. *Ciod i 'n deicheamh àithne?*

F. 'S i 'n deicheamh àithne, “Na sanntaich tigh do choimhearsnaich; na sanntaich bean do choimhearsnaich, no 'òglach, no 'bhanoglach, no 'dhamh, no 'asal, no aon ní a 's le do choimhearsnach.” *a*

*a* Ecs. xx. 17.

80. C. *Ciod a tha 'n deicheamh àithne ag iarraidh?*

F. Tha 'n deicheamh àithne ag iarraidh, bhi làn-thoilichte le 'r staid féin; *b* agus rùn ceart agus seirceil bhi àgainn 'n ar cridhe, do 'r coimhearsnach agus do gach ní a bhuincas da. *e*

*b* Eabh. xiii. 5, 6. 1 Tim. vi. 7—10. *c* 1 Cor. xiii. 4—6. 1 Tim. i. 5.

81. C. *Ciod a tha 'n deicheamh àithne a' toirmeasg?*

F. Tha 'n deicheamh àithne a' toirmeasg gach uile ghearan air ar staid féin, *d* farmad agus doilghios air son maith ar coimhearsnaich, *e* agus gach togradh agus rùn eu-cneasda do ní 's am bith a ta aige. *f*

*c* Luc. x. 41, 42. 1 Cor. x. 10. *d* Salm xxxvii. 7. Gal. v. 26. *f* Salm cxix. 36. Iiab. ii. 9.

II.—NA THA DIA A CUR AN CELL DO THAOBH

AN DUINE MAR CHIONTACH, 82—84.

82. C. *Am bheil neach 's am bith comasach air ditheantaibh Dhé a ehoimhead gu foirfe?*

F. O thuitcam ar ceud sinnscar, cha 'n 'eil neach 's am bith, nach 'eil ach 'n a dhuine a mhàin, comasach air àitheantaibh Dhé a choimhead gu foirfe 's a' bheatha so; ach tha na h-uile, gach là, 'g am briseadh, ann an smuain, ann am briathar, agus ann an gnìomh.

*e* Ecl. vii. 20. Rom. iii. 19, 20. *h* Gen. vi. 5. Ier. xvii. 9. *i* Seum. iii. 6—8. Mat. xii. 36, 37. *k* Mat. xv. 19, 20. 1 Eoin i. 8.

83. C. *Am bheil gach uile bhriseadh an lagha coimeas ann an uamharraehd?*

F. Tha cuid do pheacaibh annta féin, *l* agus le

h-4omadh gnè an-tromachaidh, *m* ni 's uamharra na chéile am fianuis Dé.

*l* Ecs. xxxii. 30. Eoin xix. 11. *m* Eoin xv. 22. Air. xv. 36.

84. C. *Ciod a tha gach aon pheacadh a' toilltinn?*

F. Tha gach aon pheacadh a' toilltinn feirge agus mallachd Dhé, *n* araon anns' a' bheatha so, *o* agus anns a' bheatha a ta ri teachd. *p*

*n* Gal. iii. 10. Rom. i. 18. *o* Col. iii. 6. Tuir. iii. 39. *p* Salm li. 4. Mat. xxv. 41. Marc ix. 43—48.

III.—NA THA DIA AG IARRAIDH AIR AN DUINE CHUM 'S GUN BI E AIR A SHAORADH, 83.

85. C. *Ciod a tha Dia ag iarruidh uainne chum 's gu' m feud sinn dol as o' fheirg agus o mhallachd-san a thoill sinn le 'r peacaibh?*

F. Chum dol as o' fheirg agus o mhallachd Dhé a thoill sinn le 'r peacaibh, tha Dia ag iarruidh uainn, creidimh ann an Iosa Crìosd, *q* aithreachas chum beatha, *r* maille ri gnàthachadh dìchiollach gach meadhoin o 'n leth a muigh, leis am bheil Crìosd a' co-pàirteachadh ruinn sochaircan na saorsa. *s*

*q* Gnìomh. x. 43. Gnìomh. xx. 21. *r* Gnìomh. iii. 19. 2 Cor. vii. 10. *s* Gnàth. ii. 1—5. Mat. vii. 7. Rom. x. 13—15.

1. CREIDEAMH AN IOSA CRÌOSD, 86.

86. C. *Ciod e creidimh ann an Iosa Crìosd?*

F. Creidimh ann an Iosa Crìosd, is gràs slàinteil e, *t* leis am bheil sinn a' gabhail ris, *u* agus ag carbhadh as, 'n a aonar, air son slàinte; *v* mar tha e air a thàirsgèadh dhuinn anns an t-soisgeul. *w*

*t* Eph. ii. 8. Eoin iii. 19. Gnìomh. xvi. 29—31. *u* Eoin i. 12. Col. ii. 6, 7. *v* Eabh. x. 38, 39. Eoin xv. 5. *w* Eoin iii. 14, 15. 1 Cor. iii. 11.

2. AITHREACHAS A CHUM BEATHA, 87.

87. C. *Ciod e aithreachas chum beatha?*

F. Aithreachas chum beatha, is gràs slàinteil e, *x* leis am bheil am peacach (air dha mothachadh ceart a ghabhail d' a pheacadh, *y* agus do thròcair Dhé ann an Crìosd) *z* le doilghios agus fuath d' a pheacadh, a' pilleadh uaith gu Dia, *a* le làn rùn, agus dìchioll air nuadh ùmhlachd a thoirt da. *b*

*x* Gnìomh. iii. Gnìomh. v. 31. Gnìomh. xi. 18. *y* Sech. xii. 10. Gnìomh. ii. 37. *z* Rom. ii. 4. Ioel ii. 13. Esec. xvi. 62, 63, *a* Ier. xxxi. 18, 19. 2 Cor. vii. 11. *b* Hos. xiv. 2. Salm cxix. 59. 1 Eoin iii. 3.

88. C. *Cìod na meadhonan o 'n leth muigh leis am bheil Crìosd a' co-pàirteachadh ruinn sochairean na saorsa?*

F. 'S iad na meadhonan o 'n leth muigh leis am bheil Crìosd a' co-pàirteachadh ruinn sochairean na saorsa, 'òrduighean fèin,<sup>c</sup> gu h-àraid am focal,<sup>d</sup> na sàcramainte,<sup>e</sup> agus ùrnuigh;<sup>f</sup> tha uile air an deanamh éifeachdach chum slàinte do na daoinibh taghta.<sup>g</sup>

<sup>c</sup> Deut. xii. 32. Mat. xv. 9. <sup>d</sup> Rom. x. 5—8. Seum. i. 18. <sup>e</sup> Mat. xxviii. 19. 1 Cor. xi. 23, 24. <sup>f</sup> Luc. xviii. 1. Phìl. iv. 6, 7. <sup>g</sup> Rom. i. 16. 17. Gnìomh. ii. 46. 47.

1. AM FOCAL, 89, 90.

89. C. *Cionnus a tha 'm focal air a dhèanamh éifeachdach chum slàinte?*

F. Tha Spiorad Dhé a' dèanamh leughaidh, an fhocail, ach gu h-àraid a shearmonachaidh, na mheadhon éifeachdach, chum peacaich a thoirt gu mothachadh agus gu iompachadh,<sup>h</sup> agus gu 'n togail suas ann an naomhachd, agus an comhfhurtachd,<sup>i</sup> tre chreidimh, chum slàinte.<sup>k</sup>

<sup>h</sup> Eoin v. 39. 2 Tim. iii. 15. 1 Cor. i. 22—24 Rom. x. 11—17. <sup>i</sup> Eph. iv. 14—16. Gnìomh. ix. 31. <sup>k</sup> 2 Tim. i. 13. Eabh. iv. 1, 2.

90. C. *Cionnus is còir am focal a leughadh agus éisdeachd, chum 's gu bi e éifeachdach chum slàinte?*

F. A chum 's gu bi am focal éifeachdach chum slàinte, is feumail dhuinn aire a thoirt dha le dùrachd,<sup>l</sup> ulluchadh,<sup>m</sup> agus ùrnuigh,<sup>n</sup> a ghabhail chugainn le creidimh<sup>o</sup> agus gràdh, a thasgaidh 'n ar cridhibh, agus a chur an gnìomh 'n ar caithe-beatha.<sup>q</sup>

<sup>l</sup> Gnàth. viii. 34. Seum. i. 23—25. <sup>m</sup> Mat. v. 6. 1 Phead. ii. 1, 2. <sup>n</sup> Salm cxix. 18. Salm lxxiii. 1, 2. <sup>o</sup> Rom. ix. 31—33. Gal. v. 6. 1 Tim. i. 14. 2 Tes. ii. 10. <sup>p</sup> Salm cxix. 11. Salm xxxvii. 31. <sup>q</sup> Eoin xiii. 17. Seum. i. 25.

2. NA SACRAMAIDEAN, 91—97.

91. C. *Cionnus a tha na Sacramainte air an dèanamh 'n am meadhonaibh éifeachdach chum slàinte?*

F. Tha na Sàcramantean air an dèanamh 'n am meadhonaibh éifeachdach chum slàinte, cha 'n ann o bhrìgh 's am bith annta fèin, no 's an ti a fhritheileas iad,<sup>q</sup> ach tre bheannachadh Chrìosd a mhàin, agus oibreachadh a Spioraid annta-san a ghabhas iad le creidimh.<sup>r</sup>

<sup>q</sup> 1 Cor. iii. 7. 2 Cor. iii. 5. <sup>r</sup> 1 Phead. iii. 21. Gal. v. 6.

92. C. *Cìod e Sàcramaint?*

F. Ordugh naomh, a chuireadh air chois le Crìosd, anns am bheil Crìosd *s* agus sochairean a' cho-cheangail nuaidh, air an samhlachadh, *t* air an daingneachadh, agus air an cur ris na creidmheich, le comharaibh faicsinneach. *u*

*s* Mat. xxviii. 19. 1 Cor. xi. 23, 24. *t* Gal. iii. 27. Mat. xxvi. 26—28. *u* Rom. iv. 11. 1 Cor. x. 16, 17.

93. C. *Cìod iad Sàcramainte an Tiomnaidh Nuaidh?*

F. 'S iad Sàcramainte an Tiomnaidh Nuaidh, am Baisteadh *x* agus Suipeir an Tighearna. *y*

*x* Mat. xxviii. 19. *y* 1 Cor. xi. 23, 24.

BAISTEADH, 94, 95.

94. C. *Cìod e Baisteadh?*

F. Is Sàcramaint e, anns an bheil ionnlad le h-uisge ann an ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh, *z* a' ciallachadh, agus a' daingneachadh, gu bheil sinn air ar suidheachadh ann an Crìosd, agus 'n ar luchd-co-pàirt do shochairibh cho-cheangail nan gràs, *a* agus gu bheil sinn fuidh ghealladh do 'n Tighearna gum bi sinn leis-san. *b*

*z* Mat. xxviii. 19. *a* Gal. iii. 27—29. *b* Rom. vi. 3, 4. 2 Phead. iii. 21.

95. C. *Cò d'an còir am Baisteadh a fhrithealadh?*

F. Cha chòir am Baisteadh a fhrithealadh do neach air bith a tha 'n taobh muigh do 'n eaglais fhaicsinneich, gus an aidich e a chreidimh ann an Crìosd, agus ùmhlachd dha; *c* ach is còir naoidheana na muinntir a tha 'n am buill do 'n eaglais fhaicsinneich a bhaisteadh. *d*

*c* Gnìomh. ii. 41. Gnìomh. viii. 37. *d* Rom. iv. 11. Mal. ii. 15. 1 Cor. vii. 14. Luc. xviii. 15, 16. Gnìomh. ii. 19. Gnìomh. xvi. 15. Gnìomh. xvi. 33. 1 Cor. i. 16.

SUIPEIR AN TIGHEARNA, 96, 97.

96. C. *Cìod i Suipeir an Tighearna?*

F. Is Sàcramaint i, anns am bheil bàs Chrìosd air 'fhoillseachadh, *h* le h-aran agus fion a thabhairt agus a ghabhail a réir 'òrduigh féin; agus tha iadsan a ghabhas so gu h-ìomchuidh, air an dèanamh (cha 'n



ann air mhodh feòlmhor, ach tre chreidimh) 'n an luehd co-pàirt d' a chorp agus d' a fhuil-san, le 'uile shochairibh, chum am beathachaidh spioradail, agus am fàs ann an gràs.<sup>i</sup>

<sup>h</sup> 1 Cor. xi. 23—26. <sup>i</sup> 1 Cor. x. 16. Eoin vi. 55, 56. 1 Cor. v. 7, 8.

97. C. *Ciod tha air 'iarruidh orra-san le 'm b' àill Suipeir an Tighearn a ghabhail gu h-ìomchuidh?*

F. Is feumail dhoibh-san leis am b' àill Suipeir an Tighearn a ghabhail gu h-ìomchuidh, iad féin a cheasnachadh do thaobh an eòlais, chum corp an Tighearna aithneachadh,<sup>k</sup> do thaobh an ereidimh, chum an t-anam a bheathachadh leis,<sup>l</sup> do thaobh an aithreachais,<sup>m</sup> an gràidh,<sup>n</sup> agus an nuadh ùmhlaehd;<sup>o</sup> air eagal, air teachd dhoibh gu neo-ìomchuidh, gu 'n ith agus gu 'n òl iad breitheanas dhoibh féin.<sup>p</sup>

<sup>k</sup> 1 Cor. xi. 28, 29. <sup>l</sup> 2 Cor. xiii. 5. <sup>m</sup> 2 Cor. vii. 10. <sup>n</sup> 1 Eoin v. 7, 8. <sup>o</sup> 1 Cor. v. 8. <sup>p</sup> 1 Cor. xi. 27.

AN NI IS E URNUIGH.

98. C. *Ciod i ùrnuigh?*

F. 'S i ùrnuigh bhi cur suas ar n-athehuinge ri Dia,<sup>g</sup> ag iarruidh nithe do réir a thoile,<sup>r</sup> ann an ainm Chrìosd,<sup>s</sup> ag aideachadh ar peacaidh,<sup>t</sup> agus a' toirt buidheachais dha air son a thiodhlaean.<sup>u</sup>

<sup>g</sup> Ier. xxix. 12. <sup>r</sup> 1 Eoin v. 14, 15. <sup>s</sup> Eoin xvi. 23. <sup>t</sup> 1 Eoin i. 9. <sup>u</sup> Col. iii. 17.

MAR AS COIR URNUIGH DHEANAMH, 99.

99. C. *Ciod an riaghailt a thug Dia dhuinn g' ar seòladh ann an ùrnuigh a dhèanamh?*

F. Tha focal Dhé gu h-uile feumail 'g ar seòladh ann an ùrnuigh a dhèanamh;<sup>x</sup> ach 's i 'n riaghailt shònruichte a sheòlas sinn, an ùrnuigh sin a theagaisg Crìosd d' a dheiseicbluibh, ri 'n goirear gu coitehionn, "Ùrnuigh an Tighearna."<sup>y</sup>

<sup>x</sup> Salm xxii. 4, 5. Salm xcix. 6. 1 Cor. x. 11. <sup>y</sup> Mat. vi. 9—13.

URNUGH AN TIGHEARNA, 100—107.

100. C. *Ciod a tha roimh-radh ùrnuigh an Tighearna a' teagasg dhuinn?*

F. Tha roimh-radh ùrnuigh an Tighearna (eadhon, "Ar n-Athair a ta air Nèamh") a' teagasg dhuinn teachd am fagus do Dhia leis gaeh uile urram naomh



agus muinghinn, *z* mar chloinn a chum an Athar, *a* a ta comasach agus toileach air cuideachadh leinn; *b* agus gur còir dhuinn ùrnuigh a dhèanamh maille ri daoibh eile, agus air an son. *c*

*z* Eabh. x. 19, 20. *a* Luc. xi. 13. *b* Rom. viii. 15. *c* 1 Tim. ii. 4.

101. C. *Cìod a tha sinn a' guidheadh anns a' cheud iarrtus?*

F. 'S a' cheud Iarrtus, (eadhon, “*Gu naomhaichear t' ainm*”) tha sinn a' guidheadh gu ma toil le Dia sinne agus daoine eile a dhèanamh comasach air e féin a ghlòrachadh anns gach aon ni leis am bheil e 'g a fhoillseachadh féin, *d* agus gu 'n stiùircadh e na h-uile nithe chum a ghlòire féin. *e*

*d* Lebh. x. 3. Salm lxvii. 1—3. *e* Salm xvi. 7—9. Rom. xi. 36.

102. C. *Cìod a tha sinn a' guidheadh anns an dara h-iarrtus?*

F. 'S an dara h-iarrtus, (eadhon, “*Gu tigeadh do rìoghachd*”) tha sinn a' guidheadh, Gu 'n biodh rìoghachd Shàtain air a sgrìos, *f* rìoghachd nan gràs air a meudachadh, *g* gu'm biodh sinn féin agus daoine eile air ar toirt d' a h-ionnsuidh, agus air ar coimhead innte; *h* agus gu'm biodh rìoghachd na glòire air a luathachadh. *i*

*f* Salm lxviii. 1. Salm vii. 9. *g* Salm ii. 8. Isa. lxii. 6, 7. *h* Rom. x. 1. 2 Tes. iii. 1. *i* Tit. ii. 13. Tais. xxii. 20.

103. C. *Cìod a tha sinn a' guidheadh anns an treas Iarrtus?*

F. 'S an treas Iarrtus (eadhon, “*Gu dèanar do thoil air thalamh mar a nìthear air Nèamh,*”) tha sinn a' guidheadh, Gu n' dèanadh Dia sinne comasach agus deònach le a ghràs gu eòlas a ghabhail air a thoil, agus a bhi freagarrach agus úmhal dhi anns gach aon ni, *k* mar a ta na h-aingil air nèamh. *l*

*k* Salm cxix. 34—36. Iob i. 21. Gnìomh. xxi. 14. Luc. xxii. 41, 42. *l* Salm ciii. 20. Eabh. i. 14.

104. C. *Cìod a tha sinn a' guidheadh anns a' cheathramh Iarrtus?*

F. 'S a' cheathramh Iarrtus (eadhon, “*Tabhair dhuinn an diugh ar n-aran làthail,*”) tha sinn a' guidheadh, Gu faigheamaid, dos haor thoirbheartas Dhé,

cuibhrionn chuimseach do nithe maithe na beatha so; *m*  
agus gu mealamaid a bheannachadh leo. *n*

*m* Gnà. xxx. 7—9. Phil. iv. 6. *n* Salm xc. 17. 1 Cor. x. 31.  
1 Tim. iv. 4, 5.

105. C. *Ciod a tha sinn a' guidheadh anns a' chùigeamh Iarrtus?*

F. 'S a' chùigeamh Iarrtus (eadhon, “*Agus maith dhuinn ar fiacha mar a mhaitheamaid d' ar luchd-fiacha,*”) tha sinn a' guidheadh, Gu maitheadh Dia dhuinn gu saor ar n-uile pheacaidh, air sgàth Chrìosd; *o* agus is mò ar misneach so iarraidh, gu bheil sinn air ar neartachadh, trid a ghràis, gu maitheanas a thoirt o 'r cridhe, do dhaoineibh eile. *p*

*o* Salm li. 1. Rom. iii. 24—26. *p* Mat. vi. 14, 15.

106. C. *Ciod a tha sinn a' guidheadh anns an t-sèathamh Iarrtus?*

F. 'S an t-sèathamh Iarrtus (eadhon, “*Agus na leig sinn am buaireadh, ach saor sinn o 'n olc,*”) tha sinn a' guidheadh, Dia 'g ar gleidheadh o bhi air ar buaireadh chum peacaidh, *q* no ar cumail suas agus ar saoradh 'n uair a bhuairear sinn. *r*

*q* Mat. xxvi. 41. Salm xix. 13. *r* 1 Cor. x. 13. Eabh. iv. 15, 16.  
Salm li. 10—12.

107. C. *Ciod a tha co-dhùnadh ùrnuigh an Tighearna a' teagasg dhuinn?*

F. Tha co-dhùnadh ùrnuigh an Tighearna, (eadhon, “*Oir is leatsa an rìoghachd, agus an cumhachd, agus a' ghloir, gu sìorruidh, Amen,*”) a' teagasg dhuinn, ar misneach ann an ùrnuigh a ghabhail o Dhia a mhàin, *s* agus ann ar n-ùrnuigh csan a mholadh, le rìoghachd, cumhachd agus glòir a thabhairt da. *t* Agus mar dhearbhadh air ar dùrachd, agus air ar làn-earbsadh ri éisdeachd fhaghail, tha sinn ag ràdh, “*Amen.*”

*s* Dan. ix. 18, 19. *t* 1 Eachdraidh xxix. 11—13. *u* Taisb. xxii. 20



*Catechism on the Lord's Supper, in Gaelic.*

LATELY PUBLISHED, PRICE 1½D.

LEABHAR-CHEIST

AIR

SUIPEIR AN TIGHEARNA,

AIR SON FEUM

ÒG LUCHD-COMANACHAIDH,

AGUS NA BUIDHNE 'S FAIDE AIR AN AGHAIDA ANNS NA  
SGOILEAN SABAID.

LE FEAR-TEAGAISG SGOIL-SHÀBAID.

---

*Just Published, (Fourteenth Thousand,) Price One Penny,*

A CATECHISM

ON THE

LORD'S SUPPER,

FOR THE USE OF YOUNG COMMUNICANTS AND THE MORE  
ADVANCED CLASSES OF SABBATH SCHOOLS.

BY A SABBATH SCHOOL TEACHER.

---

OPINIONS OF THE PRESS.

"We have examined this Catechism with some care. It seems to us to contain clear and scriptural views of Divine truth on the important subject of which it treats; and to be well fitted to guard inquirers against prevailing errors, and to prepare young communicants for the due and profitable participation of the Lord's Supper."—*Scottish Guardian.*

"A brief and comprehensive view of the doctrines and duties connected with the ordinance of the Supper. It is sound in doctrine, simple in expression, and REMARKABLY CHEAP in price."—*Christian Journal.*

"Sound in doctrine, and generally simple and concise in its statements and explanations."—*United Secession Magazine.*

---

PAISLEY, ALEX. GARDNER:

EDINBURGH, J. JOHNSTONE, AND OLIVER & BOYD—GLASGOW,  
M. OGLE & SON, W. COLLINS, D. BRYCE, AND G. GALLIE—  
LONDON, HOULSTON & STONEMAN.